

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle Baile Ghlaschu ath-bheachdachadh agus ath-leasachadh a dhèanamh air slatan-tomhais suidheachadh sgoileir ann an sgoiltean prìomh shruth.

1 Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010 \("Achd 2010"\)](#). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thabhann mun mholadh aig Comhairle Baile Ghlaschu ath-bheachdachadh agus ath-leasachadh a dhèanamh air slatan-tomhais a thaobh iarrtas suidheachaidh ann an sgoiltean prìomh shruth. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach bheachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riathanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingean a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean obrach on thig e chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus a' mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga a tha a' frithealadh sgoiltean Comhairle Baile Ghlaschu; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna on cheann-là a thèid am pàipear molaidh fhoillseachadh, agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- làthaireachd aig coinneamhan poblach a chaidh a chumail air 5 Ògmhios 2018, 19 Ògmhios 2018, 16 Lùnastal 2018 agus 21 Lùnastal 2018 co-cheangailte ri molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a sgaoileadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile; a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig mar cho-chomhairleachaidhean reachdail a thaobh atharrachaidhean ann an solar na Gàidhlig;
- beachdachadh air riochdachaidhean eile a chaidh an dèanamh gu dìreach ri Foghlam Alba mu thaobhan foghlaim iomchaidh den mholadh; agus
- cuairtean gu làraichean Bun-sgoil Naomh Angela, Bun-sgoil Hillhead, Àrd-sgoil Naomh Anndrais agus Àrd-sgoil Hyndland, a' gabhail a-steach conaltradh ri co-chomhairleachaidhean buntainneach.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle Baile Ghlaschu co-chomhairleachadh air a' mholadh a rèir cumhachan [Achnan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ghabh a' chomhairle os làimh am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 14 Cèitean 2018 gu 24 Sultain 2018. Chaidh sanasan a chur sna pàipearan-naidheachd ionadail agus chaidh lethbhreacan den sgrìobhainn leis a' mholadh an tabhann gu h-eileagtronaigeach air làrach-lìn na comhairle agus ann an leabharlannan poblach. Chaidh sia coinneamhan poblach a chumail ann an sgoiltean a' bhaile a chaidh am frithealadh le 19 neach. Chaidh inneal-sgrùdaidh air-loidhne a chleachdadh gus cothrom a thoirt do luchd-ùidhe freagairt a thoirt dhan mholadh le trì ceistean agus cuireadh tuilleadh bheachdan a chur ris.

2.2 Fhuair a' chomhairle 256 freagairt don sgrùdadh air-loidhne. Bho na freagairtean a fhuaras, bha 65 ag aontachadh ris an ath-dhreachdadh a bha a' chomhairle a' moladh airson slatan-tomhais iarrtas suidheachaidh agus bha 81 na aghaidh. A thaobh an fheadhainn eile a fhreagair bha cuid nach do fhreagair a' cheist sin san sgrùdadh no cha do chomharraich iad roghainn. Den fheadhainn a fhreagair ceist mun òrdugh sam biodh na slatan-tomhais ùra air an cur an sàs, bha 49 ag aontachadh agus bha 64 an aghaidh a' mholaidh.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha an comas aig moladh Comhairle Baile Ghlaschu a bhith na bhuannachd a thaobh foghlam. Tha am moladh a' sireadh leasachadh air na slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson iarrtasan suidheachaidh, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad air an cur an cèill gu cothromach agus gu cunbhalach agus a' toirt soilleireachd nas motha do luchd-ùidhe. Tha cuid den bhriathrachas sna

slatan-tomhais a tha ann an-dràsta seann-fhasanta. Tha leasachadh nan slatan-tomhais air a dhealbh a rèir feumalachdan an leanair no an duine òg agus tha e nas co-chòrdail ri reachdas feumalachdan taic a bharrachd. Dh'fhaodadh am moladh, ma thèid a chur an cèill slatan-tomhais nas soilleire agus nas ùire a thabhann airson a bhith a' rianachd iarrtasan suidheachaidh thar sgoiltean Ghlaschu.

3.2 Bheir am moladh taic don chomhairle coinneachadh ris na riatanasan reachdail aige a thaobh solar foghlam sgoile iomchaidh agus èifeachdach fhaotainn fo chumhaichean Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980. Tha an comas aig a' mholadh a' chomhairle a chuideachadh gu bhith a' rianachd oighreachd na sgoile ann an dòigh nas èifeachdaich agus nas tàbhachdaich, a' dèanamh cinnteach às an luach as fheàrr ann a bhith a' libhrigeadh a seirbheisean.

3.3 Bhiodh e na chuideachadh do luchd-ùidhe nam biodh barrachd mìneachaidh air a dhèanamh air taobhan de na slatan-tomhais a thathar a' moladh. Chan eil e soilleir gu leòr ciamar a bhiodh an dàrna slat-tomhais 'clann a tha a' dèiligeadh ri suidheachaidhean teaghlaich leantainneach' air a chur an cèill gus cunbhalachd agus lèirsinneachd nas motha a choileanadh. Bu chòir dhan chomhairle beachdachadh am bu chòir dhan t-slat-tomhais seo a bhith air ath-sgrùdadh gus amas ainmichte de chunbhalachd agus fhollaiseachd a choileanadh. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach dreuchd Ceannard na Seirbheis ann am measadh nan iarrtasan.

3.4 Bu chòir dhan chomhairle ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' chòigeamh slat-tomhais a tha e a' moladh (leanabh no duine òg a tha a' cur feum air na modhan-teagaisg sònraichte a tha air an tabhann leis an sgoil sin gus taobh sònraichte de ionnsachadh a thoirt air adhart). Bha luchd-freagairt a' faireachdainn gu làidir nach bu chòir gum biodh aig pàrantan agus luchd-cùraim ri fianais a thoirt mu dhealas a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, oir bha iad a' faireachdainn gum bu chòir do Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith fosgailte do dhuine sam bith a bha ga iarraidh.

3.5 Thog luchd-ùidhe a thug freagairt don cho-chomhairleachadh raon de chùisean a' gabhail a-steach a' bheachd gum bu chòir do astar bho sgoil a bhith air a ghabhail a-steach mar roinn. Chaidh grunnan beachdan mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an cur a-steach agus nam measg beachdan bho bhuidhnean riochdachaidh nàiseanta agus ionadail. Thug iad iomradh air Stiùireadh reachdail airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus taic a thoirt do na draghan aca.

3.6 Bha beachdan measgaichte aig pàrantan, clann agus daoine òga, agus luchd-obrach a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu mholadh na comhairle. Cha mhòr nach do dh'aontaich iad air fad gun robh e cudromach am prìomhachas as àirde a thoirt do fheumalachdan taic a bharrachd. Bha cuid a' faireachdainn gun robh an rangachadh airson foghlam buidheann creideimh air lùghdachadh agus gum b' fheàrr leotha an rangachadh a bha ann a-nis. Bha riochdairean bhon Eaglais Chaitligeach a' daingneachadh cho cudromach 's a bha e a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh solar gu leòr taobh a-staigh nan sgìrean sgoile. Dh'fhaighnich grunnan luchd-obrach an robh feum ann a bhith a' gabhail a-steach feumalachdan taic a bharrachd sna slatan-tomhais airson iarrtasan suidheachaidh leis gun robh iad dhen beachd gum bu chòir a bhith a' dèiligeadh ri seo tro phoileasaidh

in-ghabhalach agus planadh airson chloinne mar chòir seach a bhith na phròiseas an lùib iarrtas. Bha uallach air an luchd-obrach mu bhuidh phròiseasan làithreach an iarrtais suidheachaidh air inntrigeadh sgoile agus planadh eadar-ghluasad.

3.7 Rè a' chonaltraidh, thog an luchd-ùidhe grunnan chùisean cudromach mun fhèin-fhiosrachadh aca den pròiseas iarrtas suidheachaidh a bha ann a- cheana. Thog beagan phàrantan cùis chloinne agus dhaoine òga le ciorram agus bhruidhinn cuid ann an dòigh àicheil mun eòlas aca air an t-siostam a tha ann. Bhruidhinn beagan phàrantan mun èiginn is mun uallach a bha an lùib a bhith aca ri clann a shuidheachadh ann an sgoiltean eadar-dhealaichte agus bha iad a' faireachdainn gum bu chòir prìomhachas nas àirde a bhith aig clann bhon aon teaghlach.

3.8 Bha grunnan phàrantan a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' faireachdainn gun robh am pròiseas a bha ann a-cheana airson iarrtas suidheachaidh troimh-a-chèile agus doirbh a thuigsinn agus gu bheil dìth taic ann dhaibhsan dham bheil a' Bheurla mar chànan a bharrachd. Feumaidh a' chomhairle beachdachadh air seo na phàipear dheireannach, a' gabhail a-steach an fheum airson fiosrachadh so-ruigsinneach agus tuilleadh taic. Tha a' chomhairle cuideachd air dealas a nochdadh a thaobh measadh buaidh co-ionannachd air a mholadh a gabhail os làimh.

4. Geàrr-iomradh

Tha an comas aig moladh Comhairle Baile Ghlaschu a bhith na bhuannachd do fhoghlam le bhith a' coileanadh slatan-tomhais leasaichte agus soilleir airson iarrtasan suidheachaidh a dh'fhaodas a bhith air an cur an cèill gu cothromach agus gu cunbhalach. Ann an conaltradh le luchd-sgrùdaidh, tha a' chomhairle air a ràdh gum bi e a' gabhail a-steach beachdan luchd-ùidhe agus gum bi e ag atharrachadh nan slatan-tomhais, mar eisimpleir, nach bi Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sna slatan-tomhais ath-sgrùdaichte.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
An Dàmhair 2018**